

### 1.

## Feallsanachd | Philosophy

**Sgrìobh**  - Cuir Gàidhlig air an earrainn seo:

*It seems that it is human nature to procrastinate. We know that a project can be completed effortlessly if we plan ahead, but we still wait until time is really running out. Why are we so lazy? Well, I think something besides laziness is a factor here. Because, when we procrastinate, we're not lazy. We are busy doing other things - everything except the thing we ought to be doing. When I've got something to write, the pile of clothes awaiting ironing begins to look like a pretty attractive proposition for some strange reason. But when the dreaded day comes, I have to turn my attention at last to the important matter at hand. Some of us need the fear that comes from working against the clock. Didn't Samuel Johnson say something about how knowing that one is to be hanged in a fortnight concentrates the mind? And even if the penalty that awaits us isn't quite so harsh, there's always the danger that one won't get paid, that other people will be angry with us or that there will be a negative impact on the next thing we have to do. But it's very difficult to impose a deadline on oneself.*

**màirnealachd** | procrastinating

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

2.

## Teampall na Trianaid | Trinity Temple

**Eist** - Seo an tar-sgrìobhaidh bhon chlàradh air **Tobar an Dualchais**: [www.tobarandualchais.co.uk/track/76048](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/76048) [0:00 - 5:35].

**An t-Urr. Tormod Dòmhnullach:** 'S mise Tormod Dòmhnullach, a bha na mo mhiniestear ann an sgìreachd Chàirinis an Uibhist a Tuath airson còig bliadhna agus ceithir mìosan. Agus bha e na urram mòr dhòmhsha a bhith a' coiseachd ann an cas-cheuman daoine a bh' air am meas mar phrìomh fhoghlamaichean, chan e a-mhàin Bhreatann ach na h-Eòrpa, ann an làithean an saothra(ch). Agus a h-uile h-uair a rachainn a-mach ann an Càirinis, bha mi a' faicinn làraichean briste Teampall na Trianaid. Chan eil iad ro bhriste, thoradh cha chosgadh e mòran mullach a chur fhathast air an teampall, agus a dhèanamh mar cholaiste airson a bhith a' toirt eòlas 's foghlaam do dh'oileanaich.

'S e siud aon de phrìomh cholaistean Alba anns an latha a bh' ann. Bha e mar aon de na ceithir a b' fheàrr. Bha Càirinis, 's bha Hogh Mòr, agus bha Mucàrna ann an Earra-Ghàidheal, agus bha a' Mhanachainn, 's bha Ì Chaluim Chille. Ach cha robh aon diubh aig an robh buaidh a lean cho fada ri buaidh Chàirinis. Agus le bhith cho fada anns an àite, agus a bhith a' cluinntinn mòran de bheul-aithris a bha na fhìor eachdraidh fhìrinneach, smaoinich mi gun cuirinn ann an leabhran beag pàirt de dh'eachdraidh Teampall na Trianaid ann an Càirinis. Agus rinn mi sin.

Agus tha mi a' crìochnachadh an leabhrain le dàn anns a bheil còig earrannan mu dheidhinn an teampaill. Agus 's e seo an dàn:

Ò, Theampall na Trianaid, 's tu b' fhiach a bhith a' luaidh ort  
Ged tha thu an-diugh faladh, fuar, bha thu uair gu math làn  
De òganach shuairce, chuir d' oilean gu buannachd  
Nan latha cha chualas cò fhuair orra bàrr

Duns Scotus bho dheas-chrioch na h-Alba  
Shir bhuatsa an t-eòlas a dh'fhuasgail gach cruaidh-shnaidhm bh' air càch  
Ann am feallsanachd eignidh  
Reul Oxford gun euradh anns an Eòrpa gu lèir, bha a' chiad cheum aig an t-sàr  
Dòmhnull Ruadh MacDòmhnaill gum b' fhiùghail an t-àrmann  
Choisinn oideas do lùchaint, àrd-chliù dha mar bhàrd  
Thug luchd-eachdraidh a dhùthcha dha àite gu mùirneach  
Ann am measg ar priomh dhiùlnaich dha gheibh e dhiù bho gach àl

Pearsanaich Dhiùirinis, fiughalaich bhuadhmhor

Cinn-iùil oilanta san chlèir, 's da rèir am measg nan òg

Fhuair iadsan an riarrachd den fhoghlam bu chiataich

An Teampall na Trianaid, an toiseach an lò

'S e do buaidh feadh nan linntean dh'fhàg cumadh na h-uaisle

Air an tuath bha mun cuairt dhut

Chuir luach a bha mòr air an dìleab a fhuair iad

a ghlèidh iad gun truailleadh mar shuaicheantas sluaigh dom bu dual a bhith còir

Nise, dòcha gun èirich ceist no dhà ann an inntinn an fhear a bhios ag èisteachd ri seo, agus gum bi e mar cheistear. Cò bh' ann an Duns Scotus? No ciamar a thàinig e gu bhith ann an Càirinis. B' e Duns Scotus aon de na daoine b' fhoghlamaichte a bh' air an t-saoghal na latha, agus b' e aon dhe na prìomh fheallsanaich a bha beò, chan ann a-mhàin na latha fhèin anns an Eòrpa, ach riamh bhon uair sin. Agus tha caraid agamsa, aon de na sgoilearan Gàidhlig, no Ceilteach a bu chòir dhomh a ràitinn, as fheàrr a tha a-mach. Duine a tha na sgoilear chan ann a-mhàin ann an Gàidhlig 's anns na cànanan Ceilteach, ach ann an Eabhra, 's an Greugais, 's an Aramaic, 's an Arabic, 's an Sanskrit 's mar sin air adhart. 'S bha e thall air a làithean-saora air cuairt anns an Eòrpa. Chaith e a-staigh gu ruige seann eaglais ann am Bavaria. 'S gu dè rud air an tàinig e thairis ann an sin, ach gum b' e clach-uaigh Duns Scotus, agus leugh e anns an Laidinn air a' chlach-uaigh, gum b' e seo uaigh Duns Scotus agus gun d' fhuair e fhoghlam ann an Càirinis ann an Uibhist a Tuath.

**Sgrìobh** 🖊 - Freagair na ceistean seo mun chlàradh.

1. Cò na prìomh cholaislean a bh' ann an Alba aig aon àm - a rèir Thormoid Dhòmhnaill?

---

2. Cò bh' ann an Duns Scotus?

---

3. Anns an dàn a sgrìobh Tormod Dòmhnaill, ciamar a chuir e na h-abairtean seo:

1. *tha thu airidh air moladh |* \_\_\_\_\_
  2. *thug an duine cliùiteach a' chiad cheum aige |* \_\_\_\_\_
  3. *Na daoine à Diùirinis a tha fiùghach agus buadhach |* \_\_\_\_\_
  4. *mar shamhla de dhaoine dham b' àbhaist a bhith fìreanach |* \_\_\_\_\_
-

3.

### Uinneag dhan Àird an Iar | Window to the West

Ghabh am pròiseact ainm bhon dàn 'Hallaig' aig Somhairle MacGill-Eain (1991):

*Tha bùird is tàirnean air an uinneig  
trom faca mi an Àird an Iar  
's tha mo ghaol aig Allt Hallaig  
'na craoibh bheithe...*

Tha sinn a' dèanamh oidhirp ris na bùird a thoirt far na h-uinneige seo. Ann am meadhan an fhicheadamh linn, tha Somhairle MacGill-Eain a' bruidhinn mu làithaireachd nam marbh san eilean agus mu bheatha choitchinn a bhith a' ruith eadar daoine agus craobhan. Tha tuigse gu math diofraichte ag obair an seo seach tuigse dhùrbailte Descartes air dà shusbaint, stuth agus smuain. Ged nach aithnicheadh reusanaichean an t-Soilleireachaidh i, 's dòcha nach biodh an dàn cho neònach do Ghàidheal bho chionn mìle bliadhna, mas e a' bheatha choitcheann a tha air a riochdachadh ann an atharrachadh crutha is obair snaidhm a' dol eadar lusan, beathaichean is daoine. 'S dòcha nach biodh e neònach nas mothà don fhiosaigiche David Bohm (1917-92) no don fheallsanaiche Alfred North Whitehead (1861-1947) dham bheil an dà chuid inntinn agus stuth an sàs anns na h-uile. Fhuair an sealladh spreigeadh ùr nuair a thàinig innleachdas quantum am follais anns nach eil sgaradh soilleir eadar stuth agus spionnad agus leis **mar a chithear** mìrean fo-dhadamach gan giùlan ann an dòighean mì-chinnteach (Seager agus Hermanson-Allen, 2012; Whitehead, 1929).

Tha an cànan fhèin a' toirt seachad fianais a thaobh na dòigh anns am faiceadh na Gàidheil an saoghal. Tha ainm a' ghille-bhrìghde a' sealltainn gu bheil ceangal aig an eun leis an naomh den ainm cheudna, agus tha Alasdair Alpin MacGregor (1937) a' dèanamh aithris air an sgeul gun deach a chomharradh le comharra na croise thar nan sgiathan mar thaing dha airson Crìosd fhalachadh ann am feamainn nuair a bha e teicheadh eadar na h-eileanan. Tha a' chrois seo doirbh a dhèanamh a-mach, ach **nuair a leughar** obair an àrc-eòlaiche Lituàinianaich Marija Gimbutas, is i a' sònráchadh cruth saighid no chevron mar chomharr na ban-dia ann an cultar Linn na Cloiche air feadh na Roinn Eòrpa, nochdaidh car eile san sgeul (Gimbutas, 1989). Chan e a-mhàin gu bheil na comharran geala air na sgiathan gu soilleir ann an cruth

saighid ach cuideachd gun robh Brìghde na ban-dia mus robh i na naomh. A bheil an t-ainm Gàidhlig a' dèanamh ceangal le cànán lèirsinneach Linn na Cloiche?

Tha tòrr air an sgrìobhadh mu dhathan sa Ghàidhlig agus **mar a tha** an speactram air a roinn aig diofar chànan. Tha dath an tuirceis air an Lochan Uaine sa Mhonadh Ruadh mar thoradh air meinear an uisce. Ach, cha bu chòir dha seo a bhith na annas dha na Gàidheil oir tha am facal 'uaine' a' cur an cèill nach e dath an fheòir (glas) mun cuairt air an loch a tha san amharc an seo, ach dath deàlradh lèig no dath fuadain a dhèanadh mac-an-duine (Lazar-Meyn, 1994).

- Deutscher, Guy (2011). *Through the Language Glass*. Lunnaidh: Arrow House.
- Gimbutas, Marija (1989). *The Language of the Goddess*. Lunnaidh: Thames and Hudson.
- Lazar-Mayn, Heidi Ann (1994). 'Colour Terms in Táin Bó Cúailnge', ann an J. D. Mallory and Gerald Stockman (deas.), *Ulidia: Proceedings of the First International Conference on the Ulster Cycle of Tales*, tdd. 201-6. Beul Feirste: December Publications.
- MacGill-Eain, Somhairle (1991). *O Choille gu Bearradh/From Wood to Ridge*. Lunnaidh: Vintage.
- MacGregor, Alasdair Alpin (1937). *The Peat Fire Flame*. Dùn Èideann agus Lunnaidh: The Moray Press.
- Seagar, William, agus Allen-Hermanson, Sean (2012). 'Panpsychism', ann an *The Stanford Encyclopedia of Philosophy (Winter 2012 Edition)*, deas le Edward N. Zalta. Ri fhaighinn bho URL: <http://plato.stanford.edu/archives/win2012/entries/panpsychism/>
- Whitehead, Alfred North (1929). *Process and Reality*. Cambridge: CUP.

**Sgrìobh** 📝 - Dè an tuigse a th' agad fhèin air an sgrìobhadh seo. Sgrìobh earrann ghoirid air an tuigse a fhuair thusa mu fheallsanachd nan Gàidheal bhon a bhith ga leughadh.

'S ann mu dheidhinn \_\_\_\_\_

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

---

### 4. Creideamh a' Bhata Bhuidhe | The Yellow Stick Belief

**Èist** - Seo an tar-sgrìobhaidh bhon chlàradh air **Tobar an Dualchais**:

[www.tobarandualchais.co.uk/track/44720](http://www.tobarandualchais.co.uk/track/44720)

**Calum MacRath:** Uill Mac 'ic Ailein a bha an a sheothach. 'S e Caitligeach a bh' ann, a bheil thu a' tuigsinn? Agus 's ann shuas rathad Bhaghhasdail a bha an eaglais an uair sin, rathad Machaire Bhaghhasdail.

Ach co-dhiù, chuir Mac 'ic Ailein na seibheisich a dh'obair. 'S e latha fèilleadh a bha seo. Latha fèilleadh. Tha fhios agad dè rud a tha sin? Chuir e a dh'obair iad air latha fèilleadh agus cha robh an sagairt a bh' ann, anns an àite, cha robh e buileach 's a bhith toilichte idir, agus shearmonaich e air a seo anns an t-searmon san eaglais. Bha Mac 'ic Ailein innte. Uill, dh'èirich Mac 'ic Ailein a-mach... às an eaglais, agus cha deachadh e innte tuilleadh.

Ach co-dhiù, 's e tè dhiubh a bh' anns a' mhaighdinn i fhèin, agus sguir i fhèin a dhol dhan eaglais. Ach an latha a bha seo, thuirt i ri Mac 'ic Ailein: "Obh obh," ars ise, "ged nach eil mise a' dol dhan eaglais, carson nach eil thusa a' dol innte?"

"Tha gu leòr ri dol a dh'Ifhrinn mi fhìn," ars esan, "ged nach biodh tusa a' dol ann."

Agus 's e... Agus a-nist, an ceann ùine, 's ann a bhual Mac 'ic Ailein suas gun dèanadh e nàdar de chreideamh dha fhèin, agus chuir e brath air feadh an t-sluaigh iad a chruinneachadh gu leithid seo a dh'àite ri taobh aibhneadh, agus 's aithne dhomh fhìn an abhainn, agus sheas e air an dàrna taobh, agus bata buidhe aige, bata na làimh ga chur mu chuairt.

"A-nist," ars esan, "a h-uile duine a tha gus a bhith le Mac 'ic Ailein, thigeadh e a-nall air an abhainn."

Uill, chaidh mòran a-null, agus sin a-nis an rud ris an canadh iad o chionn fada, creideamh a' bhata bhuidhe. 'S chan eil an còrr agamsa ri ràdh mu dheidhinn.

Cluinnear gun do chleachd Calum na cruthan eadar-dhealaichte airson fhaclan boireann san tuiseal ghinideach a chunnaic sinn anns an leasan mu dheireadh:

▪ **fèille** → **fèilleadh**

▪ **aibhne** → **aibhneadh**

### 1 - Feallsanachd | Philosophy

Tha diofar dhòighean ann earrann mar seo a sgrìobhadh ann an Gàidhlig, ach seo mar a thàinig i bhon alt - **Màirnealachd - An e leisg no cion lèirsinn a th' air a cùl? le Alison Lang** a chaidh fhoillseachadh ann an **Cothrom Iris 75, Earrach 2013**.

*Tha e coltach gur e nàdar mac an duine a bhith ri màirnealachd. Tha fios againn gun gabh pròiseact a choileanadh gun spàирn ma tha plana ceart againn, ach bidh sinn fhathast a' feitheamh gus am bi an tìde a' sìor ruith oirnn. Carson a tha sinn cho leisg? Uill, saoilidh mi gu bheil rudeigin a bharrachd air leisg a' tighinn a-steach air a' chùis. Oir nuair a tha sinn ri màirnealachd, chan eil sinn leisg. Tha sinn trang a' dèanamh rudan eile - a h-uile rud ach an rud a bu chòir dhuinn a bhith a' dèanamh. Nuair a tha rudeigin agam ri sgrìobhadh, bidh coltas gu math tarraingeach air a' mheall aodaich a tha a' feitheamh ri iarnaigeadh air adhbhar neònach air choreigin. Ach, nuair a thig an latha eagalach fhèin, feumaidh mi aire a thoirt air an rud chudromach mu dheireadh thall! Tha cuid againn a tha a' cur feum air an eagal a thig oirnn nuair a tha an ùine cho teamn. Nach tuirt Samuel Johnson rudeigin mu cho geur 's a bhiodh inntinn an duine aig an robh fios gun rachadh a chrochadh an ceann coladeug? Agus ged nach bi peanas a cheart cho cruaidh a' feitheamh oirnn, tha an cunnart ann nach fhaigh sinn pàigheadh, gum bi daoine eile feargach no gum bi droch bhuaidh air an ath rud a tha romhainn. Tha e fior dhoirbh ceann-là a sparradh ort fhèin, ge-tà!*

### 2 - Teampall na Trianaid | Trinity Temple

1. A bharrachd air Càirinis, bha Hogh Mòr, Mucàrna ann an Earra-Ghàidheal, a' Mhanachaínn agus ì Chaluim Chille ann.
2. B' e Duns Scotus aon de na daoine b' fhoghlamaichte a bh' air an t-saoghal agus b' e aon dhe na prìomh fheallsanaichean a bha beò aig an àm.
3. 1. 's tu b' fhiach a bhith a' luaidh ort  
2. bha a' chiad cheum aig an t-sàr  
3. Pearsanaich Dhiùirinish, fiughalaich bhuadhmhor  
4. mar shuaicheantas sluaigh dom bu dual a bhith còir

### 3 - Uinneag dhan Àird an Iar | Window to the West

Na freagairtean pearsanta aig an luchd-ionnsachaidh an seo.